

Taisbeanadh gus cur ri Dìon Traidiseanan Seinn na Gàidhlig

Tha rannsachadh gus aire a chur air diofar sheòrsachan seinn traidiseanta na Gàidhlig air a bhith air a chur ann an taisbeanadh a bhios a' dol air chuairt gu coimhearsnachdan Innse Gall ann an 2024 agus 2025.

Tha an Dr Frances Wilkins, Àrd-òraideche ann an Eitn-eòlas Ciùil aig Ionad Elphinstone, Oilthigh Obar Dheathain, air sia bliadhna a chur seachad a' dèanamh obair làraich ann an Taobh Siar na Gàidhealtachd agus anns na h-Eileanan Siar agus i a' rannsachadh seinn spioradail agus cràbhaidh bhon sgìre.

Tha i air a bhith a' cruinneachadh agus a' clàradh traidiseanan seinn na Gàidhlig, a' gabhail a-steach seinn laoidhean, seinn sailm agus bàrdachd spioradail a tha a' crìonadh ann an coimhearsnachdan Innse Gall.

Thuirt an Dr Wilkins: "Ann an linntean a dh'fhalbh, bha pàirt chudromach aig an eaglais ann a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig an uair a bha i air a casg bho sgoiltean.

"An-diugh, gu h-ioranta, tha an suidheachadh air atharrachadh. Tha dà-chànanachas na Gàidhlig agus na Beurla, rud nach robh a' faighinn cliù, a-nis air a mheas mar rud luachmhor agus buannachdail do dh'ionnsachadh thar curaicealaim na sgoile, ach chan eil ach glè bheag de sheirbheisean eaglaise ann an Gàidhlig, agus tha seo air crìonadh mòr ann an traidisean seinn cràbhaidh na Gàidhlig adhbhrachadh.'

Gus taic a chur ri dòn a chur air an traidisean, tha an Dr Wilkins air a bhith a' comharrachadh agus a' clàradh seinn cràbhaidh agus spioradail na Gàidhlig gus tasglann a chruthachadh agus gus an ceòl a thoirt do luchd-eisteachd nas fharsainge.

Bidh an rannsachadh aice na bhun-stèidh airson taisbeanadh eadar-ghniomhach, *Seinn Spioradail* a tha i air a chur air dòigh còmhla ris an dealbhaiche Ronan Màrtainn. Bidh an taisbeanadh aig Museum nan Eilean ann an Steòrnabhagh bho 19th Faoilleach – 12th Giblean 2024 mus tèid e air chuairt tro choimhearsnachdan na Gàidhealtachd agus nan Eilean, a' gabhail a-steach Baile Ailein (Leòdhais) bhon Ghiblean – Ògmhios 2024, Port Righ (An t-Eilean Sgitheanach) bho Ògmhios - Samhain 2024, agus Loch nam Madadh (Uibhist a Tuath) bhon Dùblachd 2024 - Gearran 2025. Faodaidh luchd-tadhail ionnsachadh mu thraigheasan seinn cràbhaidh anns gach sgìre agus faodar eòlas a chur air tro chlàraighean, film, stuthan agus tasglann didseatach, clàr-dùthcha fuaim agus turas biortail eadar-ghniomhach.

Thuirt an Dr Wilkins, "Ged a tha na suidheachaidhean far a bheil an t-seinn ann a' crionadh an-dràsta, tha an ceòl fhathast ann mar dhòigh-beatha airson mòran dhaoine. 'S e adhbhar an taisbeanaidh seo ach a bhith a' sgrùdadadh mar a bha seinn cràbhaidh, agus am beartas laoidhean, sailm agus òrain spioradail eile, cho cudromach do bheatha na sgìre san latha an-diugh."

Thuirt an co-churaidiche, Ronan Màrtainn, 'tha e air a bhith na urram obrachadh leis na stuthan a chaidh a chruinneachadh le Dr Wilkins agus gus barrachd ionnsachadh mun traidisean iongantach seo, a tha cho cudromach ann am beatha làitheil mòran dhaoine.'

Tha seinn nan salm Gàidhlig, a tha air a bhith aig teis-meadhan beatha eaglaise agus coimhlearsnachd ann an Innse Gall fad linntean, gu sònraichte fon phrosbaig san taisbeanadh. Mhìnich aon neach a chuir ris an taisbeanadh, Alaig 'Bhaltois' Dòmhnullach, cho cudromach 's a tha an traidisean dha, nuair a thuirt e, 'Tha rudeigin gam dhùsgadh nuair a thig e chun nan sailm Ghàidhlig agus an loidhne ga cur a-mach. Chan eil e gu diofar càit' a bheil mi. Ma chluinneas mi seo, tha e gam tharraing air ais gu làithean m' òige ann an Stafainn. Air ais gu tachartasan toilichte...ach cuideachd tachartasan muladach. Tha, bha agus bidh seo a' toirt buaidh orm.'

Tha mòran dhe na clàraighean fuaimé, dealbhan agus bhidiothan a chaidh a dhèanamh mar phàirt dhen phròiseact nam bun-stèidh air an làrach-lin agus an tasglann didseatach air-loidhne (aig www.seinn.org). Thèid CD agus leabhar le cuid dhe na clàraighean fuaimé fhoillseachadh nas fhaide ann an 2024 agus thèid an reic an cois an taisbeanaidh.

Mhìnich an Dr Wilkins: "Tha cànan mar dhòigh air an cultar a chur an cèill. Feumar an ceangal làdir a th' aige ris na daoine, agus am pàirt a tha aig ceòl ann, aithneachadh agus a neartachadh san àm ri teachd ma tha sinn a' dol a chumail cuid dhe na rudan as prìseile mu chultar na Gàidhlig beò."

Tha i cuideachd ag ràdh, "Bha e sònraichte a bhith a' dèanamh an rannsachaidd ann an Innse Gall. Tha mi air coinneachadh ri uiread de dhaoine brosnachail agus tha mi taingeil dhan h-uile duine a tha air a bhith an sàs ann agus air mo chuid eachadh leis a' phròiseact. Tha mi toilichte gu bheil an rannsachadh agus agus na foillseachaidhean a' cur ri bhith a' toirt dòn dhan traidisean àraid seo de sheinn."

"Bidh mi ann nuair a dh'fhosglas e agus tha mi a' dèanamh fiughair ri tilleadh a Leòdhas agus coinneachadh ri feadhainn a chur ris a' phròiseact. Bidh e fior mhath na seinneadairean a bha an sàs sa phròiseact fhaicinn aig fosgladh an taisbeanaidh."

"Cha bhiodh e comasach an taisbeanadh seo a chur air às aonais taic ionmhasail bho Acadamaidh Bhreatainn, Urras Charnegie agus Bòrd na Gàidhlig, agus bhon taic aig iomadh neach-obrach aig Museum agus Tasglann nan Eilean ann an Steòrnabhagh."

Thèid tachartas fosglaidh a chumail air Dihaoine 19 Faoilleach bho 5:00-7:30f aig Museum nan Eilean. Tha e an-asgaidh agus bidh deochan ann do dhaoine.

'S iad na h-uairean fosglaidh aig Museum nan Eilean:

Diardaoin-Disathairne, 1-4f (gu 31 Màrt)

Dimàirt-Disathairne, 10-5f (bho 1 Giblean)

Là na Sàbaid-Diluain – dùinte

Gheibhear barrachd fiosrachaiddh aig: www.seinn.org

Ma tha ùidh aig ionad sam bith anns an taisbeanadh a ghabhail an dèidh Gearran 2025, curiibh brath gu Frances Wilkins.

Fios airson brathan naidheachd:

Dr Frances Wilkins, àrd-òraidiche ann an Eitn-eòlas Ciùil, Ionad Elphinstone, Oilthigh Obar Dheathain

frances.wilkins@abdn.ac.uk

07780 504930